



6.2

2.13.

RANC

H.M. 163.

Sept. 27. 273.











DEARBHADH A' CHRIDHE.

---

LAOIDHEAN SPIORADAIL

LE

GILLEASBUIG MAC-MHAOILEIN,

*'An Lochraonasa, Eilein Arrain.*



CLOBHUAILTE AIRSON, AGUS R'AN REIC LEIS  
AN UGHDAR.

---

MDCCLIII.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

## BRIEF SKETCH OF THE AUTHOR'S LIFE.

---

I was born in the Island of Arran, of honest and industrious parents; and had the misfortune of being blind from my infancy. In my youth my parents instructed me in the Scriptures; and although deprived of my eye-sight, and was never taught the use of letters, I know the Bible better than many of those who can read it. At the age of 21 years I began business on a small scale, as Grocer and Dealer, and continued in that line for upwards of 30 years, and prospered well. A few years ago, owing to family misfortunes I was obliged to give up business. Shortly thereafter I applied to the Parochial Board of my native parish for maintenance for myself and family, and the Inspector allowed me alimnt to the amount of 8s. per month, toward the support of my wife, my three children and myself. Of course I found this sum far too little to keep us in life; but the Board would not grant any more. I was then obliged to lay my complaint before the Board of Supervision in Edinburgh, who at once sent me a Schedule, to be filled by the Inspector and sent back to them. The Inspector refused to fill the Schedule, and I was then under the necessity of going to Edinburgh, where I stated my grievances to the Board of Supervision. They treated me with kindness, and kept me there for a month. On returning to Arran I found my family totally neglected by the Parochial Board: and had it not been for the kindness of my neighbours they would have died of want. The Session Clerk and some of my neighbours applied to the Inspector on my behalf for Parochial Relief; but he indignantly refused their request. Immediately on receiving this pitiful information I went to the Inspector, who lived a distance of 20 miles from me, and he gave me 10s. and promised to allow me that sum monthly until the Committee would meet. I called again next month and got only 5s. I called again on the following month and got only 6s. These small sums were not sufficient to keep myself and poor family from starvation; but my neighbours kindly aided me, and kept account of what they gave me. Again I paid the Inspector another visit, and distinctly told him, that unless he would allow me sufficient maintenance that I would go where my helpless children and myself would get food at the expense of the parish; but he turned a deaf ear to me. I then brought my children to Glasgow, and apphed at the Poor's House there, and was kindly received and provided for; but the Inspector of my native parish, on hearing this, came to Glasgow and took my children to Arran and sent them out to board at so much per week. The Inspector then removed me to Greenock Poor House, where I received ill treatment, and almost lost my life by



a fall over a breast of five feet on my way back from the water-closet to my room (being quite unattended). I was so severely injured by this fall that it caused me to spit blood for three weeks; and even yet I occasionally spit blood. In the Greenock Poor House I was not allowed to wear flannels, although I have been accustomed to wear them. Besides this I was kept in a large room, without fire, and was not allowed to walk about, but to keep my seat constantly, and the result was that I had a severe attack of rheumatism. I was also nearly starved to death for want of food; although the Parochial Board of my native parish were paying double the amount for me there that would support myself and family together in Arran, and which I would accept most gladly. After receiving the ill usage now described I left Greenock, and returned to Arran. I again called upon the Inspector to see what he would do with us, when he told me, as I left the Greenock Poor House of my own accord that he would not take anything to do with me, although I would die of want. He also withheld their aliment from my children for six months, and all the time they were under his control he did not allow them to attend school for a single day. After suffering many hardships and privations, and being illegally and unscripturally separated from my wife and children, I at last found redress through the interference of the Board of Supervision in Edinburgh and the Committee of the Home Department in London. With regard to the way in which these honourable Institutions have taken my humble case into consideration I infer that they attend, not only to what our civil Law commands but also to what the Law of God commands, and that they fully apprehend the meaning of Christ's injunction, "What God put together let no man put asunder." By the stubbornness and inhumanity of the Parochial officials of the parish of Kilmorry the Rate-payers have been put to heavy expenses. The Inspector blames me for putting expenses on the parish; but he has only himself and his advisers to blame; for I duly apprised him of my determination to get redress, if it could be obtained.

It was during my confinement in Greenock Poor House that I composed the Poems which accompany this sketch. The first two of these are descriptive of my own sufferings during the period of my contentings with the oppressors of the poor. In laying these before the public, let the reader not suppose that it is with a view to retaliate that I publish these Poems. My object is only to prevent the recurrence of such atrocities in the parish of Kilmorry, and in other parishes throughout the Highlands. The work is entitled "DEARBHADH A' CHRIDHE," or "THE DISCIPLINE OF THE HEART." I trust that these effusions will be the means of doing good, after I am laid under the clods of the valley.

ARCHIBALD MACMILLAN.

Oct. 18th, 1853.

FOIRNEART LUCHD-RIAGHLAIDH;  
OR THE OPPRESSION OF RULERS.

---

“ Had not the Lord been on our side,  
may Israel now say;  
Had not the Lord been on our side,  
when men rose us to slay;  
They had us swallow'd quick, when as  
their wrath 'gainst us did flame;  
Waters had covered us, our soul  
had sunk beneath the stream.” *PSA. cxxiv. 1—4*

“ Woe unto you Pharisees! for ye tithe mint and rue, and all manner of herbs, and pass over judgment and the love of God: these ought ye to have done, and not to leave the other undone.”—*LUKE, xi. 42.*

An sin chinn e a'm cheann gu'n deanainn dhoibh rann  
A Duneidean 'nuair thainig mi 'Ghrianaig,  
'S mi 'g innse nach d'fhuar an luchd-riaghlaidh on Bhord  
'S a' chuis a bu suaraich eisdeachd.

Dh'innis iad sgeul doibh 's cha robh e 'na f hirinn,  
'S cha d'eisd iad riutha 'n Duneidean,  
Gu'n rachadh mo dhiteadh, ga m' chur ann am prìosan  
Ri m' bheo ga m' chumail o m' phaisdean.

'Se thubhairt iad riu gu'n robh cairdean ga m' dhion  
Le lagh a' cur cosd air an sgìreachd;  
'S mur deanta mo cheannsach 's mo chur ann am fang  
Gu'm bristinn gach uinneag le foirneart.

An sin thuig iad le'n cainnt gu'n d'chuir iad mi'n laimh  
Mar neach a bhiodh ac' ann am prìosan,  
Sin thubhairt iad rium o nach do shocraich iad fein  
Se so dhuit an t-aite ni'n reite.

Am beachd mo sgìreachd bha mise gle iosal,  
Gun phiuthar, gun bhrathair 'nan dìon domh,  
Ach bha caraid a b' fhearr dhomh na clanna nan daoine  
A chunnaic an eucoir a fhuair mi.

Cha'n urrainn mi cainnt air gach peanas a bh'ann  
'N uair bha mi ga m' sgiursadh 's mi'n Ghrìanaig  
Le gort agus fuachd 's m' fhuil ga dortadh  
Le foirneart luchd-riaghlaidh mo sgìreachd.

Tha fianuis a lathair, 's cha'n urrainn iad aicheadh  
 'S an ait' san do chuir iad mi uatha,  
 Gu'n robh iad lan toileach mo chur as an t-saoghal so  
 Le ceilg mar ghnath'cheadh le Iudas.

Tha'n Cruithfhear ard seach clanna nan daoine  
 D'an leir mar tha sin a' gluasad,  
 Is bheir do gach aon an duais 's an ath-shaoghal  
 Do reir mar ghluais iad 'na fhianuis.

Tha gliocas De thar gliocas an t-saoghail so  
 Mar gheibh sin sud sgriobhta san fhirinn,  
 Gu'n glacar leis iad 'n an innleachdan fein,  
 'S an tuigse gu'n cuirear air cul leis.

C'aite an sin a bheil gliocas nan daoine ud,  
 No c'aite bheil deasbair an t-saoghail so ?  
 Leir-sgriosar le cheile sios do'n uir iad  
 'S nach measar an sin iad mar fhaoineis.

Leis nach lagh ceartais bha aca ga'n riaghladh  
 Dh'fhag sud iad fo'n diteadh thuirt Iosa ;  
 Gu'n saoirte araon an cis-mhaor san striopach  
 Roimh luchd-teagaisg tha druideadh an eolais.

Na h-uile luchd-treoraich' tha 'dalladh an t-sluaigh  
 'Sa thug leotha iuchair an eolais ;  
 'Se thubhart am Fear-saoraidh 's an-aoibhin do'n t-seorsa  
 A tha 'bacail a choir do'n fheumach.

Chuir iad sud mi an eagal 's am fang  
 Gun duine bha ann na dhion domh ;  
 Ach cuideachd gun fheum 's bha iad coimheach dhomh fein  
 'S cuid mhor dhuibh nan daoine gorach.

Cha robh duine do na bh'ann thug rabhadh dhomh ann  
 Gu'n robh cunnart 'sa cheum a bha dluth dhomh,  
 Ach leanaban faoin bha ga m' chuideachadh fein,  
 Is dh' fhuiling mi'n eucoir uatha.

Le foirneart luchd-riaghlaidh 'bha lan do dhroch nadur  
 Bhruthadh mi anns an am ud,  
 'S mi 'tuiteam le aite coig ceuman do dh'aird ann,  
 Gun dìon 's gun innseadh mu dhein domh.

Leis na dh'fhuiling mi uatha do chruadail 's an uair ud  
 Dhi-chuimhnich mi mo phaisdean,  
 Le m' osn'ain bha lionar a' teachd o mo chridh'  
 'S mo shuilean bha 'sruthadh le deuran.

Re uine cheithir miosan bha mi an Grianaig  
 Fo' amharus mor mu'm bheatha  
 Thug fios do m' chairdean mo bheatha dhomh thearnadh  
 'S ga'm thoirt a mach as a' phriosan.

Ach eagal gu'n cailleadh iad a bheag d'an cuid storais  
 Cha d' fhuair mise eisdeachd uatha  
 Ged thubhairt mi riu nan robh aon diubh a'm aite  
 Nach bithinns' aon latha 's mi diomhan.

Ach bha caraid a b' fhearr dhomh na piuthar na brathair  
 Thug dhomhsa tomhas do m' shlainte,  
 Ga m' chur ann an ordugh a's rinn e mo sheoladh—  
 'Sgun taing fhuair mis' as an lamhan.

'Se'n Cruithfhear graidh a rinn ann mo thearnadh,  
 Ged fhuair mi deuchain bha cruaidh ann;  
 'Sa thug mi do'n aite 's an d' ghabh iad os laimh  
 Gu'n rachadh mo dhion le curam.

Ach neo-chiontach bha mi ged dh' fhuilling mi'n cradh ud,  
 Mar leanabh a rachadh a sgiursadh,  
 'Se 'gearan le firinn gu'n robh e gun bhiadh aig',  
 'Sgu'n deantadh a pheanas a dhubl'adh.

Cha'n urrainn mi innsadh na fhuair mi do chruadail,  
 'S na dh' fhuilling mi uatha 's an uair ud,  
 Mo phaisdean mhi-ghnath'chadh le eucoir bha graineil,  
 Gun sgoil 's iad ga'n cumail bho 'mathair.

Beagan uine ro 'n am ud sheas mi 's a' chuir leo,  
 A's dh' innis mi'n eucoir a fhuair mi;  
 'Sin dh' orduich an Siorram do'n Fhear-riaghlaidh 's dhomh  
 Gu'n rachadh a' chuis do Dhuneidean. [fein

Ach ghabh iad an lagh ann na'n lamhan iad fein,  
 'S mhi-ghnathaich iad mise le fuath dhomh—  
 A' labhairt nam breug, a's ag radh ris gach beul  
 Duneidean nach robh os an ceann-san.

Ach thainig a' chuis trid uine mu'n cuairt,  
 A's fhuair mi suas do Dhuneidean;  
 An sin ghnathaich iad mi mar leanaban maoth—  
 Cho dileas 's nach urrainn mi cainnt air.

Ga m' chur ann an ordugh le lòn agus blath's—  
 Gach ceartas bha feumail fhuair mi;  
 Searmoin Ghailig fhuair mi 's an ait ud,  
 'S gach ceartas bha freagradh do'n cheum sin.

Lan mhisneach fhuair mi uatha 's an uair ud  
 A sheas mi an lathair nan uaislean—  
 Ga m' fhreagairt o'n Bhord gu'm faighin mo choir,  
 'S gu'n dionte mise 's mo phaisdean.

'N uair thug iad gu Grianaig nuas a ris mi  
 Bha ordugh'n leam a Duneidean;  
 A rinn fianuis gu'n robh iad a' labhairt nam breug ;  
 Le deadh cheartas a's mise ga fhaotainn.

DLEASNAS LUCHD-RIAGHLAIDH;  
OR THE DUTY OF RULERS.

“His handy-works are truth and right;  
all his commands are sure:  
And, done in truth and uprightness,  
they evermore endure.”—PSALM cxi. 7, 8.

“Wash you, make you clean; put away the evil of your doings from before mine eyes; cease to do evil; learn to do well: seek judgment, relieve the oppressed, judge the fatherless, plead for the widow. Come now, and let us reason together, saith the Lord: though your sins be as scarlet, they shall be white as snow; though they be red like crimson they shall be as wool.”—ISAIAH, i. 16—18.

“Wherefore, O king, let my counsel be acceptable unto thee, and break off thy sins by righteousness, and thine iniquities by showing mercy to the poor; if it may be a lengthening of thy tranquility.”—DANIEL, iv. 27.

'Se mo run gu'n cluinnear a nis an Dan so  
'S gach aite 'measg nan Gaidheal,  
'S gu'm bitheadh am feumach air a riaghladh  
Reir ceartais mar gheibh iad 's a' Bhiobull.

Mar sin gu'm biodh gach luchd-riaghlaidh 's an dreuchd  
Dleasnach ann nan orduighean; [so  
'S ag iarraidh an spioraid bh'aig Stephen g'an seoladh,  
Gu bhi coi' lion nan aith'nte, gun bhi briseadh aon phosadh.

'S mar sin gu'm biodh trocair a's ceartas mar dhleasnas  
Fo sheoladh Spiorad na firinn: [ga'n deanadh  
Co fada 's is leir dhomh firinn a' Bhiobuill  
Gu'n gabhar riuth fein 's r'an umhlachd.

Cha dubhairt am Fear-saoraidh am briathran na firinn—  
Bochd no beartach 's an t-saoghal iad;  
Ach an ni sin a cheangail Iehobhah r'a cheile  
Na rachadh a sgaoileadh le daoine.

Se aobhar a' bhroin gu'm bheil agam r'a innseadh,  
Is sin ann an duthaich chriosdaidh, [iad  
Gu'n d' rinn fear-teagaisg 's luchd-riaghlaidh na d' fhaod  
Gu briste an lagh sin 's mo theaghlach-sa sgaoileadh

Thug so gu m' chuimhne briathran Isaiah  
Thug Pol an aghaidh maithean nan Iudhach,  
Gu'n d' chruadhaich e'n cridhe, 's gu'n d' dhall e an suil-  
'S nach b' aithne dhoibh ceartas a dheanadh. [ean,

Co'-fhreagrach do'n fhianuis so thug am Fear-saoraidh  
'Na Fhocal mu'n deinibh san t-Soisgeul,  
Cinn-iuil nan dall iad a threoraicheas a cheile,  
'S a thuiteas araon 's an aon aite.

Thug am faidhe Isaiah fianuis ro laidir  
 An aghaidh gách buachaile feineil,  
 'Se thubhairt e riu coin bhalbh gun churam,  
 Cha'n aithne dhoibh tathuun a dheanadh.

Tha am Fear-saoraidh a rithisd ag radh ris an t-seors' ud,  
 Imichibh uam an tras so,  
 A's bithibh a' foghlum ciod so as ciall da  
 "Is trocair is aill leam 's cha'n iobairt."

Cha'n ann air son bhi 'g iarraidh 'n cuid fein  
 A rinneadh an diteadh le Iosa,  
 Ach ceartas a's trocair bhi ga'm fagail gun deanadh,  
 Thug sud iad fo 'n diteadh 's gach ceum dhe.

Tha gliocas De ag innseadh 's an fhirinn  
 Gu'n d' raoghnaich e nithe ro iosal ;  
 'S an t-anmhan truagh gu'n togar leis suas,  
 'S droch dhaoine ga'n cur leis gu naire.

Nis theirigeadh dhomh uine bhi 'g innseadh mu'n cliu  
 Le faidhean a's abstoil thug fianuis,  
 Gu'r tobraichean brist iad, 's neoil thioram gun uisg iad  
 Mar thonnan a sgeitheas mar chobhar an naire.

Ach na buachaillean curamach ni iad le durachd  
 An teagasg mar gheibh iad 'sa' Bhiobull,  
 Ri ardan Chain chur iad an cul,  
 'S iuntinn Bhalam cha lean iad 's an eucoir.

Ach 'se'n curam do ghnath bhi 'stiuradh an treud,  
 An ceumaibh na firinn gu dileas  
 'S bhi ga'n dluth'chadh r'a cheile an aonachd san gradh  
 Reir aithne 'n Fhir-shaoraidh 'san t-soisgeul.

Mar sin le irisleachd 's gradh tha'n gluasad 's an ceum,  
 Mar dh'aithn e dhoibh anns a' Bhiobull,  
 Tha'n spiorad toirt doibh 's an t-saoghal so fein  
 Solus do'n inntinn le earlais

Tha'm Fear-saoraidh ag radh ri dheisciobuill dileas,  
 'S e 'diteadh nam Phairiscach feineil,  
 Mur toir iad le 'm fireantachd barrachd na iadsan  
 Am feasda gu Paras cha teid iad.

Tha'n fhianuis so laidir o bheul an Fhir-shaoraidh,  
 'S gu'n ranns'chaidh luchd-aidich le curam  
 'O dhiubh as doimhne tha 'n saoghal nan aithne  
 Aig faotainn freumh nan inntinn.

Nis gu co-dhunadh innseam le durachd,  
 An fhirinn ma's fiu leo a h-eisdeachd  
 Gur e cudthrom an lagha dhoibh firinn a's ceartas  
 'S gur truagh do luchd-riaghlaidh mur dean iad.

'Si mo chomhairle le durachd dhoibh sa cho-dhunadh,  
 Gu'n ranns'ear leo'm Biobull le curam ;  
 'S ma gheibh iad mi cearr sa bheag a chaidh radh leam,  
 Gu'n iarrainn maitheanas uatha.

-----

COBHAIR NA TRIOBLAID;  
 ÒR COMFORT IN TRIBULATION.

“Come unto me, all ye that labour and are heavy laden, and I will give you rest. Take my yoke upon you, and learn of me; for I am meek and lowly in heart: and ye shall find rest unto your soul. For my yoke is easy and my burden is light.—MAT. xi. 28—30.

Air dhomh bhi 'deanamh ranntan  
 'Sin smaointich mi san am,  
 Gu'n innsinn pairt do m' chursa fein,  
 A thainig dhomh gu ceann ;  
 'S Ged rinn mi dleasnas dichìollach  
 Le saothair iomadh la ;  
 O! 's beag a bha ma dheireadh dhomh  
 Do sholas anns an t-saogh'l.

Thug so gu beachd air siorr'achd mi  
 'S gu smaointean air an t-saogh l,  
 Ged gheibhin pailteas ion'ais ann  
 Gur beag dh'e leanadh mi ;  
 'S ged bhithinn ann air m' ardachadh  
 Co ard ri ainm rìgh,  
 O! 's beag dheth sud a leanadh rium  
 'N uair ruigin ceann mo chrich.

Thug sud gu beachd 's gu curam mi  
 'S gu smaoint'each ni na dha,  
 Ged bu chruadalach an saogh'l so dhomh  
 Gur dluth a leanain ris,  
 'S mi 'leantuinn ceum mo cheartais ann,  
 Ri naimhdean laidir, cruaidh ;  
 'S gu ruigeas a'm thigh fein mi  
 Bha deuchainn dhomh 'sa cheum.

Ged rachainn dhol a dh'innseadh  
 Mo thrioblaid anns an am,  
 Cha deanadh e mo chuideachadh  
 Ged dheanta tuireadh leam ;

'S ged bheirinn cainnt r'a seanachas  
 Do gach neach mu'n cuairt do'n t-sluagh.  
 Cha mhaol'adh sud na saighdean dhomh  
 Bha agam geur 's a' chridh.

Cha chuir mi cainnt cha'u urrainn mi  
 Air gach deuchainn bh'agam ann,  
 Mar dh'innis dhomhs' am Biobull  
 Nan tigeadh iad gu ceann,  
 Gu'm biodh iad searbh mar bhuramaid  
 R'am feuchainn anns an am,  
 Cho geur ri claidh'mh da fhaobhair  
 Bhiodh saitht' le guin 's a chridh.

'S i shlaint' thug cobhair solas dhomh  
 Mar tha sgriobhta 'na fhocal dhuinn ;  
 Gur h-ann 's gu'n saoir' o'r peac'an sinn  
 Dhoirt Criosda fhuil le gradh,  
 'S gu'n gabhadhmaid r'a fhocal  
 Na riaghailt stiuraidh do ar ceum,  
 'S gu'n leasaich Dia ar n-uireasbhuidh  
 Mar chi e sinn a'm feum.

Ach 's e am peacadh graineil b' aobhar  
 Do gach sgiursadh 'fhuair mi 'san t-saogh'l ;  
 Mar fhuair mi fios o'n Bhiobull  
 Mar rinn e anns gach linn,  
 'S gur e dhuisg suas gach aimhreit  
 Bha riamh air feadh an t-saogh'il ;  
 'S mo thruaighe 's beag a mhothaich mi  
 D'a olc-san iomad la.

Ach tha'n fhirinu dhuinn ag innseadh  
 Gu de ni spiorad Dhe ;  
 Ma mhothaich sinn le cumhachd e  
 Ag obair anns a' chridh ;  
 'N uair nach urr' e sealltuinn  
 Air a' pheacadh ach le grain,  
 O ! 's eigin duinn gu'm mothaich sinn e  
 Mar shaighead le guin 's a' chridh.

Ach an Ti tha ardaichte,  
 'S d'an leir na h-uile ni,  
 Thug esan gealladh saibhir dhuinn  
 Ma ghluaiseas sinn 'na cheum.  
 Gur ann uaithe-san tha cuideachadh  
 A's cobhair anns gach am ;  
 Ma phillear leinn d'a ionnsaidh-san  
 'S e fein bheir cobhair dhuinn.



Tha'm Fear-saoraidh 'g radh 's an t-soisgeul  
 Le briathran lan do ghradh,  
 O! thigibh uil' am ionnsuidh-sa  
 Tha ri saothair 's fo uallach trom,  
 'S gabhaidh mis' am ionnsaidh sibh ;  
 A's foghlumaibh e uam,  
 'S am chridh gu bheil mi iriseal,  
 A's cobhair bheir mi dhuibh.

Mo chuingsa tha so iomachar,  
 'S tha beath' am aithntean dhuibh,  
 Is gabhaibh nis oirbh i  
 Gu cinnt cha'n 'eil i doirbh,  
 Is gluaisibh ann am ghradh-sa  
 Do reir 's mar dh'aithn mi dhuibh ;  
 Do ur n-anama bheir mi solas  
 A's suaimhneas fois gu brath.

'Si slainte an Fhir-shaoraidh so  
 Thug solas anns gach linn  
 Do gach faidh a's abstol bh'ann  
 Fhuair trioblaid riamh 's an t-saogh'l,  
 'S le foilseachadh a spioraid-san  
 Thug cuid dhiubh fianuis duinn  
 Nach robh iad leo ach eutrom  
 'S an dochas ann na shlaint'.

Cha'n fhaca suilean dhaoine riamh  
 Aon sonas tha co ard,  
 'S cha mhotha chual an cluasan  
 Meud an aoibhneis a tha shuas ;  
 Ach na dh'fhoillsich Dia le 'Spiorad dhiubh  
 D'a phobull anns an t-saogh'l,  
 'Se 'tabhairt dhoibh-san earlais  
 Air an aoibhneas chaidh thar cainnt.

'S mar th'again sgrìobht' san fhirinn  
 Nach d'indrinn e 'n cridh dhaoin  
 Meud nan nithe glormhor sin  
 A dh'ulmh'adh dhoibh air neamh ;  
 Ach dh'fhoillsich Dia le 'Spiorad dhiubh  
 D'a phobull anns an t-saogh'l  
 Na chumas dluth ris fein iad  
 Re an uine tha iad beo.

'Se 'n Spiorad Naomh bheir solus dhuinn  
 Air ceum na beatha nuadh,  
 'S a threor'chas a dh'ionnsuidh neamh sin,  
 Tre chreidimh beo an Criosd ;

Se Criosd an t-slighe bheo sin  
 'Bheir creidimh slainteil dhuinn,  
 Se spiorad Dhe ni soilleir dhuinn  
 Gu de mur ghluaiseas sinn.

Tha 'm Fear-saoraidh 'g radh r'a dheisciobuill,  
 'S am dluth dol uath' gu gloir,  
 O fanaibh ann am ghradh-sa,  
 'S cha di-chuimhn'ear sibh leam ;  
 'S ged tha mi nis 'g ar fagail,  
 Mo shith tha mi toirt dhuibh,  
 'S gun dail an Spiorad Naomha  
 Ni an fhirinn soilleir dhuibh.

Na dheigh sin thuir e rithist riu,  
 Gu 'r luannachd tha mi falbh,  
 Cha 'n fhag mi sibh 'nur dilleachdain,  
 An fhirinn innseam dhuibh ;  
 Ach thig mi ris d'ur n-ionnsaidh,  
 'S an Spiorad gheibh sibh uam ;  
 A'm ainmsa cuiridh m' Athair e  
 'S do m' chuidsa bheir e dhuibh.

'S na h-uile nithe dh'iarras sibh  
 A'm ainm-sa iarraibh iad ;  
 'S do m' thrid-sa bheir an t-Athair dhuibh  
 An Spiorad Naomh 's an t-saogh'l  
 A sheolas sibh gu curamach  
 'S gach ceum a dh'aithn mi dhuibh,  
 A's bheir e 'm ionnsuidh tearuint' sibh  
 Do'm rioghachd a dh'ulmh'adh dhuibh.

'Nis fhuair iad sealbh 'sa ghairdeachas  
 A gheall e dhoibh 'san t-saoghal ;  
 'S cha toirear am feasd uatha e,  
 Oir fhuair iad shuas leis fein.  
 A' faicinn ann a ghloir-san  
 A mhaireas doibh gach re,  
 Gach beul dhiubh 'tabhairt cliu dha  
 Trid eifeachd fhola fein.

'Nis chuala sinn mu'n t-sonas so,  
 A fhuair a dheisciobuill o Chriosd,  
 'S tha againn dearbhadh laidir air  
 Gu bheil e uile fìor,  
 'S tha ghealladh dhuinn cho laidir  
 Ma ghluaiseas sin 'na cheum,  
 'S cha 'n 'eil e 'g iarraidh uaine  
 Ach an cridh' thoirt da le gradh.

'Nis nach mor ar feum gu'n cuimhni'mid  
 Gu de thuir Criosd ruinn ann,  
 Gu saothair dhian a dheanamh  
 Air son lon a mhaireas dhuinn:  
 'S gu'm faigh siu pairt 'san t-saogh'l so dheth,  
 Tre chreidimh beo an Criosd,  
 'S gu'n lean e ruinn thar Iordan  
 Gu ar sealbh 'san t-sonas cheudn.

### SAOGHAL NEO-CHINNTEACH:

OR

### THE UNCERTAINTY OF WORDLY PROSPERITY.

“ Watch ye therefore: for ye know not when the master of the house cometh, at even, or at midnight, or at cockerowing, or in the morning: lest coming suddenly he find you sleeping. And what I say unto you I say unto all, Watch.”—MARK, xiii. 35.

'Nuair chuir mi 'n ordugh ranntan,  
 'N sin smaointich mi 'san am;  
 Gun cuirinn tuille riu—  
 Le bhi 'g innseadh dhuit a shaoghail,  
 Gu bheil thu dhuinn neo-chinnteach,  
 'S air latha mar sgail dol seachad,  
 Gus an cairdear anns an uir sinn;  
 'S nach cuimhn'ear sinn ni's mo.

Tha so 'g ar deanamh cinnt' dheth  
 Ri 'r 'n uine anns an t-saogh'l,  
 Le bhi faicinn ordugh Dhe ann  
 Ga chur an gnìomh gach am;  
 Air cairdean 's air luchd eolais,  
 Ar daoine sean a's og,  
 Do reir 's mar tha dhoibh orduichte  
 G'an toirt uainn air gach taobh.

Mar so is ceart an t-ainm dhuit;  
 'S neo-chinnteach thu shaogh'l,  
 'S gun agad baile a mhaireas  
 Do dh'aon neach tha fo 'n ghrein  
 Do'n rìgh is aird'a riaghlas,  
 Gus an iochdran annad 's isle  
 'S 'nuair bheir am bas air falbh iad  
 'Se 'n aon ughdarras 'th'aca 'san uir.

O! 's mise dh'fheudas inns' dhuit,  
 'S neo-chinnteach thu shaoghail,  
 'S is fhada chum do lion mi,  
 Ga m' mhealladh iomadh la,  
 'S tu 'gealltuinn dhomh toilinntinn,  
 'S cha'n i fhuair mi uait,  
 Ach do dheireadh mar chuile bhruit' dhomh,  
 'S mo chlaoidh rinn thu le bron.

Tha'n fhirinn dhuinn ag innseadh  
 Gu'r h-e satan dia an t saoghail,  
 'S gu'n do mheall e'n sluagh le dhruidheachd,  
 'S an inntiun gu'n do dhall,  
 An dream nach 'eil a' creidsinn  
 G'an cumail ann an dorchadas,  
 Air eagal orr' gu'n dealraicheadh  
 Solus soisgeil glormhor Chrìosd.

A shaoghail mheall thu moran daoine  
 A fhuair ainm a bhi na'n naoimh;  
 'S chuir thu gun suim do lagh Iehobhah iad,  
 A dhaighnicheadh le Crìosd,  
 M'an ni a cheangail Dia ann  
 Nac' sgaoilear e le daoine,  
 'Se'm bas a dh'fheumas fhuasgladh,  
 'G an toirt leis as an t-saoghal.

'Tha'n radh so fìor ga innseadh leam  
 Nach do chuir luchd-aidich 'n suim,  
 Ged bha ardan dhaoine 'stri  
 Gus an lagh so bhrist' do'n bhochd,  
 'S nan cead'cheadh lagh na rioghachd e  
 Cha robh e cearr le ainm crìosduidh;  
 Mar so tha sgriobht 's an fhirinn,  
 Tha 'n treibh-dhireach ro ghann.

Se Fhocal fein 'n riaghailt stiuraidh  
 Thug Dia dhuinn gu ar seoladh,  
 Gur cumail dlu ris fein leis  
 Re air n-uine anns an t-saoghal.  
 Mar thig am breitheamh a lathair,  
 'Sa bneir e 'n sluagh gu cunntas,  
 Se Lagh mar dh'fhag e sgriobhte  
 Ni ar saoradh no ar diteadh.

S ann le ughdaras na firinn  
 Tha an dan ga chur an ceil

'S gu'n tuigeadh clann nan daoine  
 Mar tha mealtaireachd an t-saoghail.  
 Se feum luchd-teagaisg fein  
 An co-shineadh ris an fhirinn  
 A bheir fianuis dhoibh bheil Criosd aca  
 Thar gradh an t-saoghail nan cridh.

Se thuig mi fein le firinn  
 Gu'r h-e Criosda fein an steidh  
 A shaoras as gach cruadail,  
 Mar th'againn sgriobhta o Dhia;  
 Ministirean 's clann daoin' iad,  
 'S fhuair mise mar chuile bhruit iad;  
 Ach focal De sheas cinnteach dhomh—  
 Se fein a neartaich mi.

Ach thug so gu mo chuimhne  
 Mar tha sgriobht' am focal De—  
 "Na cuir t-earbsa na do dhochas  
 An neart n'an cumhachd dhaoine,"  
 Gach duine theid san uir dhiubh,  
 Gun fhurtachd ri am feum annta;  
 Ach 'n uair a ghlaodh am bochd ri Dia  
 Se thug fuasgladh dhoibh is dion.

Tha doimhne mhor a's airde  
 An gradh Chriosda d'a shluagh,  
 Cha d'fhuaradh a mach riamh e,  
 Cha ghabh e aireamh ann,  
 'S na h-aingil neamhaidh ghlormhor  
 'Se miann bhi 'gabhail beachd air,  
 Na naoimh bu doimhne rannsaich e  
 'S ann chaidh e dhoibh thar cainnt.

'Se Rìgh nan neamhan fein e  
 'S thug fianuis air a' ghradh,  
 'Se 'g ionnlad casan a dheisciobuill  
 An irisleachd thuirt riu,  
 "Le firinn their sibh maighstir rium,  
 'S ur Tighearna-se 's mi,  
 'S mar thug an Tighearn eiseimpleir dhuibh  
 Mar so gu'n dean sibh fein."

An irisleachd a dhiadhaidheachd  
 Thuirt riu gu caoimhneil, blath,  
 Eisimpleir thug mi uam dhuibh,  
 'S gu'n leanadh sibh mo cheum;

Mar ghradhaich mise sibhse  
 Gu'n gradhaich sibh fein a cheile,  
 Do m' aithne nuadh bheir sibh umhlachd  
 Re ur n-uine anns an t-saoghail.

Mar so thuirte Crìosd r'a dheisciobuill,  
 'S am dlu dol suas gu g'loir,  
 Bron ni sibh san am so  
 'S re ur n-uine anns an t-saoghal;  
 Ach ur bron bheir mi gu gairdeachas,  
 'Sam feasd cha bhunnear uaibh e—  
 Saoghal nan deur 'nuair dh'fhagas sibh  
 'N sin bithidh sibh shuas leam fein.

So an eisimpleir a dh'fhag Crìosd  
 Aig na naoimh 's gach linn do'n t-saoghal  
 Gu'm bitheadh iad le a ghradh-san  
 Toirt soluis anns an t-saoghal,  
 'S a' bristeadh ardan dhaoine  
 Le irisleachd 's le gradh anna,  
 'S ged bhitheadh an saoghal gun eolas orr'  
 Gu'n aithnicheadh iad fein a cheil'.

O! shaoghail cha d'thoir thu solas uait,  
 'S an thug thu'n sluagh a thaoibh,  
 'G an tarruing ann do liontaibh  
 Le mealltaireachd do ghnuis;  
 'S tu 'gealltuinn dhoibh toilintin  
 ' Ach 's bron a th'ann do run dhoibh;  
 'S mar thoisich mi ort eriochn'ear dhuit—  
 'S neo-chinnteach thu shacghail.



## TRUAIGHE AN LEAGIDH: OR THE MISERY OF ADAM'S FALL.

“The wages of sin is death; but the gift of God is eternal life through Jesus Christ our Lord”—Rom. vi. 23.

'Nuair a rinn Dia an saoghal so 'sa chruthaich e an ordugh  
 Gach crentair beo ann tha 'gluasad  
 An duine chruthaich e fadheoidh ann an coslas a ghloir,  
 Guthi na uachdaran os cionn gach uile bheo chreutair.

Air uil' oibrìbh fein gu leir dh'aimhire Dia an sin o neamh,  
 'Siad uile ro mhaith ann an ordugh.

Bha chruitheachd iosal gu leir ga mholadh anns an am,  
Is Adhamh a' toirt gloir do Iehobhah.

Bha Adhamh 'se 'n iomhaidh Dhe anns an am,  
'Se sgeadaichte le naomhachd 's e fìor-ghlan,  
Is thug Dia as fheoil companach dha—aisne as a thaobh  
A tha toirt fianuis do gach lanainn gur aon fheoil iad.

B' iad Adhamh us Eubha a cheud lanainn a bha san t-saoghal  
'S bha iad o Dhia sgeadaichte le gloir agus naomhachd,  
'S cha robh aite aig bron teachd d'an ionnsuidh air aon taobh,  
Nan do ghleidh iad mar dh' aithn dhoibh Iehobhah.

Bha la'ireachd Dhia a tha lan do ghloir ac, 's cha robh an uine  
Ro bhuan 'nuair thainig satan an nathair lan chuilbheart  
Is ghabh e fath air a mhnaoi is thug e i thaoibh  
Gus an d'ith i do'n mheas a bha toirmisgte.

O! cluinnibh satan le ceilg is e 'g innseadh nam breug  
Gu robh feum dhoibh itheadh do chraoibh an eolais,  
'S gu'n deanta soilleir iad mar dheer an uine gu brath—  
Lan fhiosrach air maith sgus euceart.

Thug an t-uabhar so buaidh agus dh'ith iad dheth le cheile,  
'S thug geill do'n namhaid a tha millteach, 's thug sud  
An truaigh air gach sluagh anns gach linn bha san t-saoghail  
'S gu pein us bas thug an leagadh gach beo chrentair.

'S an am sin bha Dia na aobhar uamhain do dh' Adhamh,  
Is iad air call gach onair a's naomhachd,  
'S iad bochd, diblidh, truagh a's fuidh naire, 'g am faicinn  
Fein lomnochd, 's 'g am folach feadh chraobhan a gharaidh

Ghairm Dia an sin air Adhamh is e na pheacach,  
Gun choir aig air urram no naomhachd;  
An sin thuirt e ris, "An do bhrìst thu mo chumhnant—  
'S an d'ith thu do'n chraoibh dhuit bha toirmisgt."

Chuir Adhamh a choire air a bhean a thug Dia dha,  
Is thoisich an sin a choiriomchair;  
Ach dh'innis Dia dha mar tha sgriobhta san fhirinn,  
Gu'u d'thug mallachd as bas air a shliochd is air fein ann.

Thuirt Dia ris a' bhean gu'm biodh i an fhann, truagh,  
'S gu'n d' rinn am peacadh dh'i iochdran,  
Guth na nathrach o'n dh'eisd, 'son a thug thu dhi geill,  
Leanaidh mar thuhhairt riut fein 's ri d' sheorsa.

Mhallaich Dia satan, 's thug e cumhnant nan gras doibh,  
S thuirt ris gu'n tigeadh air sliochd na mna  
Na' bhruthadh a cheann, 's gu'n deanta leis e taireal,  
Ach thug an leagadh so mallachd is bruthaidh e shail-san

Chuir Dia an claidheamh lasrrech mu chraobh na beatha,  
 A's Adhamh cha'n fhaigheadh d'a h-ionnsaidh,  
 Tha toirt fianuis gu'n d' bhriseadh an cumhnanta gnìomh,  
 Nis cha'n 'eil slighe gu beatha ach trid an Fhir-shaoraidh.

Chaidh gradh Dhe do'n t-saaghal thar tuigse nan aingeal  
 Is iad ga fhaicinn rinn gairdeachas  
 'S ged nach robh feum ac' air Criosd mar fhear-saoraidh  
 Chunnaic iad saorsa ann do shliochd Adhaimh.

Thug Criosd dhuinn fianuis le briathran a bheoil,  
 'S tha againn so sgrìobhta na 'fhirinn,  
 Gu'm bheil gairdeachas measg ainglean air neamh,  
 Arson aon pheacach iompaicht' trid gras an Fhir-shaoraidh

'Nuair choimhlion an aimsir a shonraich an Trianaid,  
 Thainig an sin am Fear-saoraidh,  
 'S thug dioladh do cheartas 's air fein ghabh am mallachd  
 'S na iobairt thug a chorp air son dhaoine.

Ach 's ann do na h-uile a leanas a cheumsan,  
 Mar thug eisimpleir dhoibh anns an t-soisgeul,  
 Gu'm biodh a bhuill-san toirt fianuis gur aon iad an Criosda,  
 Mar tha suidheachadh a' chuirp ann an aonachd.

'S coir do chinn-iuil a bhi stiuradh nan trend,  
 Reir eisimpleir Chriosd anns an fhirinn ;  
 Ach 's ann tha cuid diubh le uabhar inntinn,  
 Toirt fianuis gur sliochd cionntach Adhamh iad.

Lean ri daoine an t-uabhar rinn naimbdean do Dhia dhiubh,  
 Thug Mac Dhe as le a chrann-ceusadh,  
 'S tha fianuis chinnteach gur h-e Criosda  
 'S ri chrann a sparr lamh nan orduighean.

Dh'fhoillsich Dia dhuinne truaighe an leagaidh,  
 A's innleachd na slainte gu tearnadh,  
 'S 'nuair thug Dia saor thiodhlac dhoibh trid Iosa,  
 'S i aithn' dhoibh bhi dileas d'a cheile.

'S mo ghuidhe le durachd, 's co dhunaidh mi'n Dan so,  
 Gu'n rannsaicheadh luchd-aidich le curam.  
 Bheil an inntinn a' cordadh ri Spiorad Iehobhah,  
 Gu bhi anns a' ghradh so d'a cheile.



EISIMPLEIR AN FHIREAN:  
OR EXAMPLE TO THE RIGHTEOUS.

“Lay not up for yourselves treasures upon earth, where moth and rust doth corrupt, and where thieves break through and steal: but lay up for yourselves treasures in heaven, where neither moth nor rust will corrupt, and where thieves do not break through nor steal: for where your treasure is, there will your heart be also.”—MAT. vi. 19—21.

Mi dol ann an ordugh gu deanamh rann,  
'Si mo ghuidhe le durachd gu'm faighinn so ann,  
O Athair na soillse, do'n Spiorad a nuas  
Na ni'n fhirinn dhomh soilleir 's gu'n labhair mi i.

'S gu'n tuiginn a chumhachd 's a shaorsa mhor,  
'San t-saoghal 's na dheidhidh do na leanas a cheum,  
Tha san fhirinn dhuinn soilleir far comhair gach am,  
Ma bheachda'eas sinn innte, 's gu rannsaich sinn i.

'Si 'n fhirinn bheir fianuis air toradh nan naomh,  
Ag innseadh mar ghluais iad re'n uine san t-saoghal,  
Tha toirt eisimpleir dhuinn bhi 'leantuinn an ceum,  
M'as miann lein bhi tasgaidh ar n-ionmhas air neamh.

Far nach truaill an reudan 's nach cnamh a mheirg,  
Nach cladhaich na meirlich 's nach goid iad air falbh,  
Ach gloir an Uain ga'n cuartachadh ann,  
A leighseas gach cridhe fhuair briseadh san t-saoghal.

Far an tiormaich Dia gach deur o'n gruaidh,  
'S gach beul a' scinn a la 's a dh'oidhch,  
Toirt cliu do'n Uan le h-aoibhneas thar cainnt,  
'S gach aon diubh ag inns gu'r i fhuil a ghlan iad.

Fhuair Pol roi' bhlas air a h-eifeachd 's an t-saoghal,  
A's dh'innis gu saor co thug dha e,  
Gu'r h-e 'n Spiorad Dhia a thug creideamh dha 'n Criosd  
A leig ris dha a h-eifeachd 's mar tha i na slaint.

'Se Criosd an t-slighe a tha treorach gu neamh,  
A dh'fhag eisimpleir againn bhi leantuinn a cheum,  
'S aig na h-uile gheibh eolas air fhulangas ann,  
Bhi leantuinn a cheum-san re'n uine 'san t-saoghal.

Chuala sinn mar chraidheadh Job anns an t-saoghal,  
'S a chompanach brollaich ga bhrosnachadh ann,  
Gu mall'cheadh e Dia 's gu'm faigheadh e bas,  
Ciod am feum a bha dha na ionracas ann.

O cluinnibh a fhreagradh le faighidinn chiuin,  
 Mar na mnathan tha amaideach labhair thu ann,  
 Tha m' Fhear-saoraidh-sa beo 's mo dhochas na shlaint  
 Gu'm faic mi e fathast toirt uam ann gach cradh.

i sinn crìoch ghlic aig Dia anns a' chuis  
 Is faighidinn Iob ga dearbhadh ann,  
 'S ged a bhà'n comas aig satan a bhean a thoirt uaith  
 Leig e aig i chum 's gu meud'adh i 'chradh.

Is eisimpleir Iob do gach firean 's gach linn,  
 Gu de mar gheibh iad an cradh anns an t-saoghal  
 Gu'n do dhublaicheadh Iob le saibhreas a ris—  
 Na shlainte, 's na dheidhidh sin ionmhas air neamh.

Is eisimpleir Iob do gach neach a tha'n cradh,  
 Gu bhi 'sealltuinn ri Crìosd arson fuasgladh nam feum,  
 Ag urnuigh an Spiorad bhi ga'n comhnadh gach am  
 Ni 'n fhirinn dhoibh soilleir, 's mar ghluaiseas iad innt'

Tha Pol ag innseadh tre an Spioraid so dhuinn,  
 Mur a smachdaichear sinn nach clann dligheach sinn ann  
 'S ged nach 'eil smachd solasach fhad 'sa tha e'n laimh,  
 Na dheigh bheir toradh a mach a bhios buan.

Shoilleiricheadh so le cosamhlachd dhuinn,  
 Co, e an t-athair nach smachdaich a chlann,  
 Le gradh a' toirt fianuis gu bheil coir aig orr'ann,  
 'S mar sin gu bheil Dia toirt sgiursadh d'a chlann.

'S gu'm bitheadh iad iriseal, ciuin gach am,  
 A' foghlum a thoil bhi ga deanamh gach la,  
 A' faicinn gu'r coir dhoibh umhlachd dha ann,  
 Do dh'Athair nan Spiorad 's gu'm bitheadh iad beo.

---

## DEARBHADH A' CHRIDHE: OR THE HEART TESTED.

“Examine yourselves, whether ye be in the faith: prove your own selves, how that Jesus Christ is in you, except ye be reprobates.”—2 COR. xiii. 5.

Tha lagh ur air teachd 'n ar duthaich  
 Tha dearbhadh soilleir cridheachan dhaoin,  
 Bheir ceart nam bochd o dhaoin' gun chliu,  
 'S tha so an aghaidh naduir.

Reir ordugh an lagh so bheir o'n t-sluagh,  
 Ceart nam bochd g'an cumail suas,  
 Leis 'choir so bhi ga toirt gun taing,  
 'S beag gradh do'n bhochd a chi sinn.

'Se ordugh lagh na Parlamaid  
 Mar dh'aithn am Biobull dhoibh 's gach linn,  
 Am bochd bhi combdaichte gach la  
 Do reir 's mar tha iad feumail.  
 Ach tha'n lagh 'se ga thruailleadh leo,  
 'S gach ait 'sa' bheil iad riaghaladh Bhord,  
 Ministirean is e'n doigh an saoghal,  
 'S iad riaracht le a mhillsead.

Cha mhinistearan bha riaghaladh Bhord,  
 'S mar shuidhich na h-Abstoil riaghailtean coir,  
 Ach daoine glise fo dheadh ainm,  
 'Siad lan do'n Spiorad Naomha.  
 Ach co fada 'sa thuigear leam a' chuis  
 'S beag iad tha cur nam bochd an suim,  
 Ach 'cur luchd-sgiursaidh os an cionn,  
 'S an cuid ga shluageadh leosan.

Tha cunnart mor dhoibh 's an ath-shaoghal,  
 'S an run bh'aig Iudas ac' na'n cridh',  
 'N uair chronaich e a bhean 'na gradh  
 Na riun lea' d'a Fear-saoraidh.  
 Cha saoil' air Iudas le a bheul  
 Gu'm bu ghadaich' e 'sa' chridh,  
 'N uair dhoirt a' bhean an ola air Ios',  
 'Se 'gearan call nam feumach.

'S maith chreideas mi gu'n d'rinn e 'n osn'  
 Le ceilg 'se cur an ceill a pris ;  
 Ach am fear d'am b' leur a chri  
 Thug ach'asan san am dha.  
 Tha na bochdan agaibh ghnath,  
 Gu bhith maith dhoibh anns gach am,  
 Leig leis a bhean so nis na gradh,  
 Chionn 's obair mhaith a riun i.

Tha brigh 'sa' ghradh tha 'na cridh',  
 Ga tarring dhombhs' an aird o'n t-saoghal,  
 'S co fad 'sa theid an soisgeul buan  
 Bidh cuimhne ghnath oirr' ann so.  
 Tha cunntas fìor air Iudas dhuinn,  
 Nach robh e 'cur nam bochd an suim ;



Ach gaol do'n ola dhaor 'na chridh',  
'S e caoidh nach d' fhuair dha fein i.

'S ged reic Ananis fhearann fein,  
Cha robh 'chridh' an aonachd graidh,  
Thug cuid do'n luach air son a chliu ;  
'S cuid eile rinn e aicheadh.  
Ach dh'fhoillsich an Spiorad dhoibh o neamh  
Ananias teachd le ceilg ;  
An sin chonaich Peadar e 'sa' bhreig,  
'S le ordugh Dhe chaidh 'n deo as.

Nis th'agam fein r'a inns' 'sa chuis,  
Mu chuid a shaoilt' bha'n ceum a ghraidh,  
S 'nuair thainig coir nam bochd gun chliu,  
Bha iad gun a nadur anuta.  
Thug Pol dhuinn fianuis air a' chuis,  
Mar am bheil an gradh 's a' chridh'  
Ged bheireamaid air maoin do'n bhochd  
Nach dean dh'i fein gne fheum dhuinn.

Ged bheireamaid dhoibh air maoin gu leir,  
Mu se 's gu'r h-ann g'ur cliu o dhaoin'  
'S gun e 'g eiridh o ghradh Dhe,  
Cha dean e suas an eirig.  
Chur Pol an ceil le Spiorad Dhe  
Mu nadur graidh, 's ga inns do dhaon',  
Gu'n d' theid gach ni 'san t-saoghal gu ceann,  
Ach gradh gu brath nach caochail.

Nis mar bheil an gradh 'n ar cridh'  
Tha ar creideamh dhuinn gun bhrigh,  
Ged loisgte leinn ar corp le foirm,  
Aon tairbhe cha'n 'eil ann dhuinn.  
Faidhdearachd againn ged an robh,  
'S mar theang' aingil 'n ar labhairt cainnt,  
Gun ghradh 'n ar cridh' ach foirm 'san t-saoghal,  
Mar mhiotailt tha ni fuaim sinn.

Ged thuigte leinn run diomhair Dhe,  
'S le creideamh laidir 'tiondadh shliabh,  
Gun Spiorad Dhe bhi 'g obair leis,  
'S ann mheud'adh sud ar truaigh' dhuinn.  
Ach so an obair a ni feum,  
Le'r miann bhi 'geilleadh do aithn' De,  
'S le gradh do Chrìosd a' tabhairt uain  
Gach ni mar tha dhuinn dleasnach.

Gu'm biodhmaid eudmhor mu a ghloir,  
 Air son gu'n soirbhicheadh a rìoghachd,  
 'S gu'n dearbh gach neach a chridhe fein,  
 'Bheil iartas beo na dheigh so.  
 Mar sin gu'n dearbhadhmaid ar cridh',  
 Bheil Spiorad Dhe 'san anam beo,  
 A' toirt na toil mar dh'aithn dhuinn Criosd  
 Le beo 'sa chridh 'ga dhearbhadh.

Cha'n i mo chainnt fein rinn mi radh,  
 'Se facal Di bheir dearbhadh dhuinn  
 An do chruith'eadh annain cridhe nuadh,  
 No'm bheil an gradh a' fas ann.  
 No'm bheil an cogadh anns a' chridh,  
 Grain roimh 'n pheacadh, 's gradh do Chriosd,  
 'Sa Spiorad fein ga dhearbhadh dhuinn  
 Le fianuis, gu'r clann De sinn.

Nis innseam sa cho-dhunadh dhuibh  
 Gur i obair Spioraid De 'sa chridh',  
 Air peacaidh dheanadh soilleir dhuinn,  
 'S g'ar toirt gu an treigsinn.  
 'Se 'm peacadh bhi ga threigsinn leinn—  
 Fuath 'n ar cridhe dha is grain—  
 Ni fianuis dhuinn tre'n Spiorad Naomh  
 Gu bheil sin air ar n-iompach'

---

CEUM CAITHE-BEATHA 'CHRIOSDUIDH :  
 OR THE CHRISTIAN'S FOOTSTEPS.

"Thy word is a lamp unto my feet, and a light unto my path."—PSALM cxix. 105.

Air dhomhsa ranndrach a chur an ordugh,  
 'S mi 'g inns' anet' foirneart a's dleasnas dhaoin',  
 An sin chunnaic mi gu'm b'e m' fhìor fheum fein air  
 Gu'n stiuradh Dia mi 'na reachdan naomh.

'S an ceumaibh Iosa gu'n gluasinn dileas,  
 Mar dh' fhag e sgriobhta g'ar teagasg fìor,  
 'S gu'n aithnichte 'naoimh-san 's gach linn 'san t-saoghal,  
 Le bhi dileas dha-san 's na ghradh da cheile.

O! an gradh na Trianaid gu'n robh mi'n aonachd,  
 Rinn dhomhsa dìon ann am dheuchainn chruaidh

Ged rinn ardan dhaoine mo chlaodh le ceilg, '  
Do neart am laigs' dhomhs rinn aithnicht e.

Thoir dhomhs' bhi dileas toirt moladh ard dhuit,  
Cha'n ann a mhain ann an dion an corp,  
Ach do gheallaidh luachmhor le geill do t-aithn'tibh,  
Gu'm faigh an ciontach lan sheilbh air saors'.

'S a nis mo chaithe-beatha thoir dhomh 's na neamhan  
A's m' aigne thalmhaidh bhi ga toirt uam,  
'S a' toirt fianuis co fad 's is beo mi,  
An aiseiridh Chriosda gu'n d' eirich mi.

A bhi faotainn uait-se do d' spiorad oirdhearc,  
A's tuille naomhaehd trid Chrosd a nuas,  
Le d' laithreachd ghradhach rinn subhach Daibhidh,  
A's gach firean diadhaidh bha riamh 'san t-saoghal.

Gu'm biodh m' aighean laidir ga'n toirt o'n lar so,  
Le cordan grais 'g an tarruing suas,  
Ged biodh mo lamhan mar an t-Abstol Pol,  
Rinn le saothair mar dh' fheud e le laimh 'san t-saoghal.

Ged bhithin ga dheanamh so, 's mo mhiann bhi neamh-  
Bhiodh m' anam plogartaich 's mi an geall, [aidh  
Air an Dia sin tha beo gu sierruidh,  
'S a bheir d'a phobull mar chi e 'm feum.

Is e so thuit Criosda ruinn anns an fhirinn,  
Ma tha ar dochas ri beatha bhuan,  
Rannsa' maid am Biobuil a tha 'na fhirinn,  
A bheir dhuinn fianuis, 's cha teid air chuil.

Ach neamh a's talamh teirgidh iadsan,  
Is cha mhair a h-aon diubh 'nuair thig an toirm,  
Ach nithe nuadha 's iad a thig a lathair,  
Ach facal De so cha'n fhailnich chaoidh.

Pol leig ris dhoibh an eaglais Chorinth,  
Cho aineolach, feolmhor 'sa bha 'n cridh' san cainnt,  
'N uair se Pol 's Apolos bha ac' mar Iosa,  
Is Peadar leo mar gu'm biodh Criosd air a roinn.

O cluinnibh Pol 'se ag inns' le durachd,  
Gu'n robh e fein 's Apolos dhoibh gun bhrigh,

Ach focal De, 's mar tha sios ann sgrìobhte,  
Rinn soilleir dhuinn gur h-e Dia bheir fas.

'S thuirt riu an Galatia, 's a chridh' ga chradh leo,  
Nach bu sgeul aoibhion ach soisgeul Chrìosd,  
'S na'n deanadh Abstoil no aingle o neamh e,  
Gu'm biodh e malluict' 's nach bu shoisgeul e.

O 's truagh r'a innseadh na tha san linn so  
Do'n inntiun fhaoin ud am measg an t-sluaigh,  
Mar gu'm biodh focal De dhoibh gun bhri' gun eifeachd  
O aon seorsa dhaoine ach an luchd-teagaisg fein.

Ge d'fhoillsich 'n Salmaich tre'n Spioraid Naomha,  
Gu'r h-e 'n lochran soluis bh'aig ceum a chois,  
Cha d'fhuair o dhaoin' e 's e focal De bh'aig  
Ga stiuradh cinnteach 'san t-slighe bheo.

Dhaighnicheadh so leis an Spiorad cheudna,  
Gu'r h-e focal De 's dol a stigh na phairt :  
Le bhì ga thionnsganadh bheir solus maith dhuinn,  
'S do dhaoin neo-fhoghluint' bheir eolas ard.

An triuir phòsd bha laidir an creideamh Chrìosda,  
Noah, Daniel, agus Iob,  
'Si fianuis De dhuinn mar sgrìobh Eseciel  
Nach d'fhuair do dh'fhirinn ach na shaor iad fein.

Mar so tha tuigse Bhèrea ga cur an ceill dhuinn,  
'N uair thug na h-Abstoil dhoibh sgeul mu Chrìosd,  
Gu d'rannsaich iad na Sgrìobturan gach aon latha,  
Dh'fheuch an robh am briathran a' cordadh riu.

'Nuair chuir Pèadar an ceill doibh an tigh Chnèliuis  
Obair na saorsa mar choimhlion Crìosd ;  
An sin riun e ùearbhta le fianuis Fhaidhean  
A dh'fhoillsich roi laimh tre 'n Spioraid Naomh.

Feach dh'fhoillsich Dia nach saor earbs' a daoin' sibh,  
'G ur tombas r'a cheile 's gu'n suim d'a aithn',  
Ach lean ceum Iosa mar gheibh 'san fhirinn,  
An rod tha cinnteach bheir sibh gu neamh.

Nis guidheam 's rannsaichibh an Sgrìobtur naomha  
A th'air a dheachdadh le Spiorad Dhe,  
Rinn briathran Fhaidhean le Abstoil soilleir,  
'S nach gabht' ri cainnt ach mar th'annta sgrìobht'.

Tha ceumaibh Phoil annt na chaithe-beatha,  
'S co luath 's a fhuair e gradh air Crìosd,

Nach do mheas e an saoghal so ach mar aolach  
Ach lean ceum losa 's chuir e roimh dhaoin.

'S am Faidhe Daniel lean ceum na slainte,  
'S o'n Rìgh rinn euceart cha d' ghabh e duais,  
'Nuair dh' fhoillsich e gu'n robh sgriobht' le Dia dha,  
"F'huaradh easbh'each thu 's a nis chaill do rioghachd."

Faicibh Samuel, am breitheamh diadhaidh,  
Re a laithean gu leir cha do ghabh e duais  
A dhalladh inntinn, 's e thuir e fein rin,  
'S nach bu leur dha ceartas a thoirt do'n t-sluaigh.

Ach a chlann na dheigh cha do lean a cheum-san,  
Ghabh todhlacan saoghalta g'an dalladh leo,  
Cha d' riun iad ceartas 's chuir Israeil cul riu,  
'S ghlaodh iad ri Samuel e thoirt dhoibh rìgh.

Mar so tha sgriobhta dhuinn anns an fhirinn  
Gu de ni saoghal ann 's na daoine glic,  
Gu'n dall a thiodhlacan iad 's an inntinn,  
'S bha iad sud 'n an eucoirich 's gach linn do'n t-saoghal.

Am Fear-saoraidh glormhor an so rinn gairdeachas,  
Buidheachas d'a Athair neamhaidh thug e le cliu,  
Gu'n do cheil e 'n t-eolas feumail air gliocas dhaoine,  
'S gu'n d' rinn e soilleir do leanabain e.

Tha moran fhireanach 's an ainm 'sa' Bhiobull,  
'S nan caithe-beatha ag innseadh mar lean ceum Chriosd  
'S ge d' rinn cuid diubh faillinn am pairt d'an ceumaibh  
Rinn bron ga'n treigsinn, 's mhaith Dia gu saor.

Le h-aidmheil dhruighteach chuir iad cul riu,  
'S le h-irisleachd crìdh' thainig dluth do Dhia,  
'Se Spiorad Dhe a rinn soilleir dhoibh iad,  
'S gach beul th'air neamh dhiubh 'seinn cliu do'n Uain.

---

### RABHADH DO 'N OIGRIDH; OR WARNING TO THE YOUNG.

"Be sober, be vigilant: because your adversary the devil, as  
a roaring lion, walketh about, seeking whom he may devour.  
1. PETER, v. 8.

Thainig rann eil' a'm' aire, 's bu mhiann leam gu'n gabhadh  
An oigridh 'nis rabhadh o'n fhacal le gradh;



'S ro fheumail gach uair dhuinn am peacadh 'chur uainne ;  
 'S bas siorruidh an duais 'bhios 'na thuarasdal da ;  
 O ! pheacachaibh treigibh, tha Isaiah ag eigheach—  
 Cuir cul r'ur cuid ea-ceart, 's r'ur ceumanaibh cearr ;  
 'S bidh ur sith mar an amhain tha'n comhnaidh 'cur thairis,  
 'S mar thonnan na mara ur n aiteas do ghnath.

Thug an t-Abstol dhuibh sparradh, a's gabhaibh an rabhadh,  
 'S nach sgriosta ur n-anam le claidheamh a' bhais ;  
 Ana mianna na feola, gu'n treigte leibh oigridh—  
 Theid na leanas an doighean gu doruinn gu brath.  
 Biodh ur cridhe air iompach' do'n t Slanuighear shimplidh—  
 An rod a tha dìongmhalta dh'ionnsuidh nan neamh ;  
 'S gheibh sibh milseachd an Iosa nach urrainn domh innseadh  
 Anam solasach, sìochail, gu fìor au so fein.

Tha beath' ann do'n anam, 's chaidh e dhomhsa thar labhairt,  
 Na solais bhios aca 'ni tarruinn o 'ghradh ;  
 Bheir e cridhe nuadh glan duibh, 's 'g ur tarruinn o'n talamh,  
 A dheothlas gach latha le feartaibh a ghrais ;  
 'Se ur durachd an comhnuidh gu'm bitheadh na sloigh leibh  
 A' gluasad 's an rod sin a sheolas gu slaint' ;  
 'S bheir e cridhe bhios sìochail, nach toir maoin na dubh-iogain  
 Ma bhlaisear leibh milseachd na h-iocshlaint nach traigh.

Se so an t am taitneach, 's an t slainte so gabhaibh,  
 Feadh tha i r'a ceannach gun airgead gun or :  
 'S ur cogais na bathaibh 'n ur n-aghaidh bhios laidir,  
 Ma theid sibh gu bas gun a shlaint annaibh beo ;  
 An laithean na h oige iarr do Chruithear an comhnaidh,  
 'S gu'n toir e gu gloir thu tre Oglach an t-Uan ;  
 Ma bheir bas sibh gu siorr'eachd, 'san t-anam gun Chriosd ann  
 Bidh ur peinsa gu siorruidh na ni bhios do luaidh.

'S truaighe sud tha do labhairt, 'sa tabhairt dhuibh rabhaidh  
 Gu teicheadh le cabhag gu carraig na slaint,  
 Gu'n deonaicheadh Dia dhuibh ur tarruinn ga riar-san,  
 Le Spiorad na diadhachd gu rianaibh beo-ghras ;  
 'S gu'n raognaich sibh firinn an Sgriobtuir le dilseachd,  
 Ur stiuradh chum Iosa bheir sith dhuibh gu brath,  
 'S nach glacte san lion iad " a' deothal nan cìochan,"  
 D'an deireadh a's crìoch bhì gu siorruidh toirt craidh.

Cha do mheasadh an saoghal le Pol ach mar aolach  
 Nuair fhuair e o'n daorsa gu saorsa ri Dia,  
 Las gradh an ti dh'eirich na anam le h eifeachd,  
 'S gu'n tuirt e gu'n d'eirich e fein le a Thriath—  
 Bha aighean cho laidir air an togail o'n lar so,  
 'Toirt aite do'n Ard rìgh, 's ga aicheadh fein sìos,  
 'S a sparradh gach crìosduidh a leantuinn gu dileas,  
 Mar rinn esan air Iosa na fhìor cheumaibh sith.

Dh'fhag Pol sud dhuinn sgriobhta 's gu'm faicte 's gach liun e,  
 Mar ni Spiorad na firinn na gníomharan beo—  
 Bheir e peacadh gu solus gus am faicear e soilleir,  
 Cha'n ionnan 's na Comuinn d'an solus an doigh—  
 Bristidh spiorad neo thraillidh gach cridhe 's an gluais e.  
 'S ni e cruthachedh nuadh 's bheir e snuaintean as ur,  
 Chum an Dia sin is treine, 'sa dh'aithn da naoimh euchdach,  
 A bhi dileas d'a cheile, 's ris fein a dh'aon run.

'Se so guth an Fhir shaoraidh a's leanaidh a chaoirich,  
 An aithne ro naomh 'thug a ghaol air a' chaisg;  
 'Sa bhi daonnan d'a cheile mar ghradhaich e fein iad,  
 'S a bheatha 'ga sleuchdadh le speis air an sgath;  
 'Sin thuirt e r'a bhraithrean theirsibh Tighearna a ghnath rium,  
 'Nis feuchaibh mo ghradhsa gu laithreach dhuibh fein;  
 'S comhar cinnteach gu brath e 'nuair thig Spiorad nan grasán  
 Gu'n aithnichear mo bhraithrean le an gradhsa da cheil.

La ceingeis, 'nuair dhoirteadh an Spiorad gu glormhor,  
 A choimhlion gu h oirdheire gealladh sonraichte Chríod;  
 'S iad gu leir san aon aite, sa creidsinn san t-Slán'ear,  
 'San Spiorad o'n airde toirt aon nadur d'an ere,  
 Rinn daoín orra fanaid, ach rinn Peadar dhoibh aithnicht  
 Nach bu mhísg bh'air an anmaibh, na amladh mi cheil,  
 Se bh ann coimhlionadh geallaidh le foel chaidh labhairt,  
 Dia 'dortadh nan anam spiorad fhlaithreas gu treun.

---

## CO-DHUNADH.

Co luath 'sa thainig an duine steach do'n t-saoghal rinn satan aithnichte gu'm b'e a nambaid. Bha f'bios aige nach robh ni air bith air a thoirmeasg do'n duine ach a m'lainithe do chraoibh an eolais, agus thainig e le ceilg agus thubhairt e ris a m'naoi ged' dh'itheadh iad do'n mheas thoirmeasg gidheadh nach basachadh iad mar a bhagair Dia, ach gu'm bitheadh an suilean air am fosgladh, agus gu'm biodh iad mar dhce, fiosrach air maith agus air olc. Chreid iad san satan roimh Dhia, agus mar sin thainig am peacadh a steach do'n t-saoghal. Dhearbh Cain gu moch gu bheil fuath aig an olc do'n mhaith. Dhoirt e fuil a bhrathar, agus uaithe sin a nuas lionadh an talamh le foirneart. An lorg foirneart agus an-íochd sgríos Dia an seann saoghal leis an dile. 'Nuair a dh'fhoillsicheadh Mac Dhe san fheoil chonaich e gu follaiseach foirneart agus ceilg nan Iudhach; agus le bhi dearbhadh na firinn se dhoibh dh'eirich iad le naimhdeas na aghaidh, agus cheus agus mharbh iad Tighearna na gloire. O! gu'm biodh-maid glic, gu'n tugadh-maid fainear, 's gu'n cuimhnicheamaid ar críoch dheireannach.

























